Thugadh gaol mor do Chrioſda;
'S gach aon neach nach lub dh'a,
Theid a ſgiurſadh gu ſior uaith.

## LAOIDH X.

*An t Ann-ſaoghaltaich' & an Creidmhich Combra' deiſe.*

I.

" 'S E 'n ſaoghal mo mhiann,
" Gach latha 's gach blia'n,
" 'S bhi truſadh nan ciad le cheile;
" Ga ſtiuradh le ſunt,
" Fea' fearainn is fuinn,
" 'S ga chur ann an ſuim, 's am feichin;
" Ga ſhuitheachadh tra',
" 'S ag truſadh a mhāil,
" 'S gach uile chīs 's aill leom fheutainn;
" Gun luadh air a bhās,
" 'S mi nach iarradh gu brath,
" Ach ſinne bhi lathair le cheile."

II.

ch labhair gu foill,
leubh ann ſa choir,
chi u'n geocach ſaibhir;
ıa ſhaibhleaſan lan,
ɔ bhun is do bharr,
b'e bharail gu brath nach treigeadh;
:h 's ann thainig am bas,
ın fhios a thoirt d'a,
dh' fhag na laruich bhreig e,
ghreas e gu luath,
ıum tein' agus fuachd,
tha nuadhachd ud cruai' ri leubhadh.

III.

Sean nuadhachd atá,
No cluinneam gu brath,
'S ann th' agam an tra's an fheudail;
Fear folamh gun ni,
S fad ſhuigheas e ſhios,
Ge fheodhas a ghniomh 's a bheuſan;
Dol ſeachad ann cuil,
Gun mheas air gun chliu,
Ann,cuideachd no'n cuirt cho d' theid e;
Bidh miſe le'm cheol,
A' ſuigh' air gach bord,
Ag ithe 's ag ol air feiſtean."

IV.

h thuſa tha lan,
h amhairc le tair,
r neach a tha'n tra's gun fheudail;
a Laſar..s bochd,
ın ſtor..s gun ſtochd,
n chneidh, agus lot, is chreuchdan;

Ann achlais Abraham,
Rinneadh e slan,
Mar phrionnsa mor ard ag eiridh;
'S am fear beartach fuidh bhron,
Chaill eisean gach coir,
'S e'n garadh nan leogan reubach.

V.

" Tha mi sgith fas do d' cheol,
" 'S ro shearbh leom do ghloir,
" Cur sios air a choir tha'm leirsinn;
" O'n th'agam an stor,
" 'S e mo mhiann a bhi beo,
" 'S gun amharc cia 'n rod a theid mi;
" Sean fhocal at'a,
" 'S fearr aon ean ann laimh,
" No air iteig a dhadheug dhiu;
" Duine dona gun treoir,
" Cho'n fhiach e bhi beo,
" Nach leanadh a choir 's an ea-coir."

VI.

Ach thusa bha riamh,
Gun eagal roi' Dhia,
'S tu marcachd gu dian 's ann ea-coir;
Mar neach chaill a chiall,
Gun philleadh air srian,
O'n thug u do mhiann do'n fheudail;
'S tu t fhear lomaidh air cach,
Gan creachadh gun chaird,
'S gan iomain gu cās na h eiginn;
'S an chruadhaich do chroidh,
Mur nach buineadh tu Chriosd,
Gur meas u no Riogh na h Eiphte.

VII.

Cho mheaſa gu brath,
'S a bhoichead a' fas,
Tha ſluaigh nan uil' all ann deidh air;
Lan aighir ata,
Gach neach ata lan,
Nam baidealabh ard le'n eideadh;
Le'n cupaiche lan,
S ga'n cuireadh gu bal,
Bidh fir agus mnai' le cheil' ann;
Gu cruadalach dan,
S iad ag imeachd gun tair,
ann 's gach ionad is ait ann d' theid iad."

VIII.

'n ſaoghal, 's an fheoil,
a mhealladh gu mor,
do bharail gur beo le cheil ſibh;
a u gach la,
igh an coinneadh a bhāis,
leagas gu lar an treun-laoch;
d' theid leat fui'n fhod,
d' airgid, 's do d' or,
ciſte nam bord, is leine;
do cheile ro fhuar,
hiōt dus agus luath,
io tigh crabhaidh an uaigh an d' theid u.

IX.

n ann toiſeach mo lāith,
ı lubainn gu lar,
ı h urnuigh, gu crābh', 's gu leubhadh;
mi faghail ni 's fearr,
mhiann air gach laimh,
mi marcachd co ard 's an dragon;

" Bras, meamnach, glan, ur,
" Tuigſeach, eolach, 's gach cuis,
" Gu h aigeannach, ſuntach, ea-trom;
" Cho gheil mi do chrābh',
" Cuiream tamull air dail,
" Gu bliaghna do dha mu'n eug mi."

X.

O! moſgail a d' ſhuain,
Chuir an ſaoghal ort cluain,
'S e gu d' mhealladh gach uair gu ea-coir
Gu h ard Riogh nan ſluagh,
Cuir iobairt ghlan ſuas,
'S ann leiſean bu bhuan bhi 'g eiridh;
Gur h iomad duin' og,
A dh' ſholuich am ſod,
Nach reachadh da dheoin an ceum ſin;
Th' air ſruthadh na ſmal,
Fui' bhonnabh ar ſāl,
Gun ſolus na lath'ir, gun leirſinn.

XI.

" Co reachadh da dheoin,
" Do'n chuilidh fui' n fhod,
" 'S e na dhorchadas mor, gun fheum dui
" Nach b' fhearr a bhi beo,
" Ag imeachd ſea' ſtoir,
" Na tuiteam fui'n fhod gun eiridh;
" Ag furan nam pios,
" Air brandâidh 's air ſion,
" Gu cairſtinnich, diſneach, gleuſta;
" Cho triall mi gu brath,
" Le'm thoill gleann a bhais,
" 'S gun fhioſam cia 'n t ait ann d'thei

XII.

ʒeul deirbhte a'ta,
ach d' theid e o'n bhas,
on, neach ata fas fui'n ghrein ſo;
n Riogh th'ann ſa chuirt,
e mhor ſhluagh, 's le chuinn,
am prionnſa fui 'n chrun, gu d' theid leis;
m baigeir tha ſiubh'l,
ea' dhorſan na du'ch,
han leub ann 's an uir le cheile;
ʖ cho mhaiſeich' anios,
ſor chlaigeann an Riogh,
ſo claiginn bochd diol na deirce.

XIII.

O bhochdainn, 's o thraill,
'S e thogas gu ſtraichd,
Gach aon neach gheibh lamh air feudail;
Am fear a ni nī,
Ann cogadh, no'n ſīth,
Bidh meas air 's gach tir ann d' theid e;
An corp ſo tha lathair,
Cumaidh mi lan,
Ag imeachd an tras an ceum ſo;
'S e mo bharail 's an ām,
'N uair theid mi anūnn,
Gu bi mi oſcionn nan ceudan."

XIV.

S fearr beagan do ſtor,
Ag an fhior dhuine choir,
Na ſaibhreas mor nan cēudan;
Tha dhochas ann Crioſd,
Gu fuith e uaith ſīth,
s oighreachd a cho'ich nach treig e;

'N uair, theid an ſaoghal gu crīch,
'S a dhuiſgear gach linn,
'S a thruſar gach dream gu reileach:
'Reir 's mar choiſinn gach neach,
Bidh an tuaraſdal ac',
'S e 's britheamh mor, ceart, Mac De ann.

## LAOIDH XI.

*Dan Spioradail, do'n bhas.*

I.

AIſing chunnacas air a bhas,
Le ſhaighde geur, lomlan chalg;
'S gun ghradh aige do mhac duine,
Gus am buin e leis an t ſealg.

II.

'Se Riogh nan ua'bhas am bas,
Gun caralas trath bhi air;
Mar ghaduiche thig gun fhios e,
'S bheir e fear na miſnich leis.

III.

Ge h ard a mharcuicheas Riogh,
No prionnſa le miad an ſtoir;
Caraiche nan cleas an teachdair dana;
'S e 'm bas is treiſe gu mor.

IV.

'N gaiſgeach cruaidh chuir iomadaidh cath,
'S an treun laoch nach gealtach ſuil;
Ge mor a threiſe le armaibh,
Gabhaidh am bas ſealbh na rūn.

V.

.n t' amadan ag ruigh le mhiannaibh,
'ach do smuaintich riamh beairt cheart;
ia mor a spionnadh' 's a threis-san,
heir am bas droch leagadh as.

VI.

.n geocach saibhir, le miad a chuid,
'huirt e ris an anam tamh;
ch sguab am bas o ghloir gun fhios e,
; cruaidh am fios a thug e dh'a.

VII.

·e d' bu leat an saogh'l gu leir,
na bheil ann do nī, 's do stor;
'air cho'n fhuasgail e air t anam,
us am suigh am bas a choir.

VIII.

; faoin a labhras sinn air Dia,
; is cian a chuireas sinn uainn am bās;
eis a chroidhe chealgach, do' lionaidh,
ch 's leir do Chriosd gach ni mar tha.

IX.

husa leig srian le miann do chuirp,
n spiorad trailleil, 's tu 'g imeachd leis;
:as e 's roghnaiche gu d' chrīch leat,
ıi'n bhas shiorruidh bidh tu 'm feast.

X.

I uair shealltas am bas ort 's ann aodann,
ıqchlaidh do shealladh, 's do shuil;
e d' bu tu b' aille bh'air an t saoghal,
innidh t aogasg mar an uir.

XI.

Cuimhnich Dia ann laith do neart,
'S na cuir dail a d' mhart le leisg;
Oir gheibh am bas gu leoir ri dheanadh,
'S ann uaigh cho luaidhear e 'm feasd.

XII.

'S eibhinn bas an duine choir,
A' chriochnaicheas a laith le ceill;
Theid a ghiulan leis na h aingle,
Gus an rig e teampull De.

XIII.

'S eibhinn do'n chreidmhich am bas,
Tigh'n o Chriosd le gradh, 's le gean;
Ag radh, " tha mise 'nois ullamh,
" 'S triallaidh mi gu h ulladh leat."

XIV.

'S e fud ar 'n ainmheach ri phaidheadh,
'M bas, is e air lorg gach neach;
Gu glanar le Roigh nan gras sinn,
Tha faillinn annainn air fad.

## LAOIDH XII.

I.

THugaibh iomad cliu do Dhia,
  Is seinnibh orain bhinn;
'S e dh' fhuasgail oirn' ann 's gach bruid,
'Chuaidh a chruinneachadh gach linn.

II.

'huimhnich e ghaol duinn' an t Ard-riogh,
N uair chuir e Criosd ann 's an fheoil;
. dhortadh fhuil mun chinne'-daonna,
'hum an ceannach 's bu daor dho.

III.

ha 'n t Aibhearsoir le lion mun cuairt,
bha na sluaigh air tuiteam leis;
.ch smachdaich Josa 'm priosan truagh e,
chuaidh slabhraidh chruaidh a chur air.

IV.

'ha e mar leoghan beucach, fuileach,
'hum clanna daoine sgrios leis;
ch ge b'e ghlacas airm a chogaidh,
ho toir s'e buaidh air am feasd.

V.

e sin sgiath laidir; dion a chreididh,
.gus Criosd mar chloidheamh cruaidh;
a dhain-deoin uilc, agus ainneachd,
'u sior cho bhuidhinn ort buaidh.

VI.

eas thus' air an ste nach caraich,
mairidh trocair Dhe gu brath;
ge do sheinneas cach gu bronach,
einnidh tusa ceol gu h ard.

VII.

hi u fein 'n sin miad do shonais,
arachadh an taobh thall do'n uaigh;
'uisgidh dhuit an solus dealrach,
chi u Criosd am palluinn shuas.

VIII.

'N uair theid u roi' ghleann a bhais ſo,
'S eibhinn do ghairdeachas buan;
Bidh aingle Dhe gu tric cur failt ort,
'G iathadh le gradh dhuit mun cuairt.

IX.

An ceidſe criadha th' ort mar chomhdach,
Gabhaidh ſ'e comhnuidh 's an uaigh;
Gus an la 'n d' thig Crioſd gu dhuſgadh,
'S aithneachar ur e meaſg an t ſluaigh.

X.

Cho'n eil an ſaoghal ſo ach diombuan,
'S eiridh croidh na'm faſlach cruaidh;
Glacaibh Crioſd mar ſholus ſlainte,
'S O! bhraithrean no cailleadh ar duais.

## LAOIDH XIII.

I.

A Bhraithrean nach pill ſibh ri ciall,
'N ar 'n oige biodh cuimhneach air Di
'N t eagal 's 'n uair bhios ſibh ſean liath,
Nach lub ſibh do'n cheaird nach d'rinn riamh

II.

Aon neach chuireas dail ann na chuis,
Gus an tarruing am bas e gu h uir;
Mar mhaide cruaidh moſgain gun ſugh,
Theid a thilgeil 's an teine nach much'r.

III.

chraobh nach toir toradh na h am,
ch cuir duilleach no blath os a ceann;
ann a thilgear o lar an ſean chrann,
theid a tilgeil 's an teine gun taing.

IV.

o truagh leo a' ſgreud no a' ghlaodh,
pheacaidh 's an thug e riamh gaol;
1 thug e dhoibh oig agus aois,
o'n fhuigh e gu brath o Chriosd faoilt.

V.

ann is tatneach leis iobairt na h oig,
s 'm bu bheus a bhi leanmhuinn gu choir;
r ur-chrann meala mu bhord,
ſolas an croidhe ſeinn ceoil.

VI.

r chraobh na beatha nach crion,
abhall ann garradh an fhion;
nar bhadan lan blath agus fhigs',
h 'd a' cantuinn gu ſiorruidh cliu Chriosd.

VII.

dh t intinn air a tomhas le ciall,
nn comunn droch cuideachd no triall;
itheadh t uil' aighear, 's do mhiann,
ſeuſbhach ann conaltradh Dhia.

VIII.

gaolach am bainne, 's am fion,
am paghaidh, is tart, agus iot;
b' annſa bhi ſeinn cliu do Chriosd,
cire meala ri h ich'.

IX.

Ge b' e lubas, no gheileas dha trath,
Cho'n a'bhar eagail d'a 'm bas;
Thig cuideachd na choinneadh le gradh,
'S ag Jerusalem nua' ni e tamh.

X.

Ge b' e leanas gu treimh-dhireach Jos',
Theid a long-san a tharruing gu tir;
Gu carraig nach sgrios i dhe' choi'ch,
Ge d' raibh cach uile le sinceadh asios.

## LAOIDH XIV.

I.

AN eiseimpleir a thug dhuinn Criosda,
Aon mhac siorruidh, Riogh na glòi.
'N uair a bheannuich e a chuirm ud,
Gu suilbhear ameasg an t sloigh.

II.

Na cuig builionnan eornna,
'S da iasg bheag mar chonadh leis;
Dhioladh leis cuig mile sloigh,
'S ann air nach eil ni cruaigh mar cheist.

III.

'N uair a shuigh an sluagh mun fheist ud
Bu bheag leo a chuirm ri roinn;
Da bhasgaid deug thogadh lan uath,
Bha do dh' fhuigheal 's lion am broinn-

IV.

annachadh Dhia 'n tus gach cuirme,
ı choir dhuinn iarruidh le ceill:
eidibh gur fior na thuirt am fāidhe,
Nach roibh ni na ſpairn air Dia."

V.

ſaoil u fein 'n roibh ni na ſpairnn air,
uair thug e chlann as an Eipht?
goilt e muir ruadh mar dha ailbhidh,
roi 'n chuan gharbh rinn rathad re dhoibh.

VI.

ıum an fhaſlaich chruaidh gun chinneas,
ach do chuai' riamh chur no bhuain;
ach aon la bu phailt dhoibh aran,
'n laimh bheannaicht' nach roibh cruai' riu.

VII.

ːartain Mhic De ge b' e chreidis,
ːaſaidh e air ſtē na corach;
cruaidh no gann gan d' thig an ſaoghal,
cinnteach e daonnan a porſan.

VIII.

iogh Daibhidh, nan ſalmaibh milis,
huir a ghineil e gu fogar;
ch thainig amladh cruai' a bhais orr',
thug Dia Daibhidh gu thigh comhnuidh.

IX.

e briathraibh ſolaſach Dhaibhidh,
raibh air chuimhne gach iall;
! Leanamaid uile cheumſan,
ea n ar re, le 'r 'n uile mhiann.

X.

Cuiremid ar neart an Criofda,
Mar phorfan fiorruidh, le folas;
'S cuimhnichmide gu leir,
Mar fhuair Uan De a lot 's a leonadh.

XI.

Bha naimhde mar thairbh am buireadh,
'S mar choin luirg bha iad an tōir air;
Gus na fgaoileadh leo 'n fhuil uafal',
A thug buaidh air neart nan leoghan.

XII.

Iomairt mu'n Riogh air a chrann,
Is na tairngean gu teann gan cur;
Gach neach nach rannfuich mar dh' eug e,
'S fada uaith mar eifd a ghuth.

XIII.

Mar ghadaich chuireadh gu bas e,
'S mar Dhia laidir dh eirich beo;
Smachdaich e le crith clann Ifrael,
'S ann dh'a ftriochdas na floigh.

XIV.

Gaifgeach treun nan iomadaidh buaidh e,
Dh' fhofgail fuas an geata mor dhuinn;
'S uails' iad no clanna nan Rioghraidh,
Gach neach gheibh fithfhaimh da choirfan.

XV.

Flafg fholuis fui'n lionmhor aingle,
Theid an co'ail an'm an fhirein;
'S 'n uair a bheir e'n ceum gu h uaigh,
Glacar fuas an achlais Chriofd e.

XVI.

onnan ua'bhaſach gun a'bhar,
neaſg dhaoine, ſe leo 's deiſe;
ainm Dhia 'n diamhanas, 's na breugan,
truagh an ſgeul nach gabh iad teagaſg.

XVII.

a eideadh coimheach oirnn do'n pheacadh,
ſgrioſar le aon Mac De e;
gach neach nach lean e mar bheartas,
eid an cartadh ſios gu leir uaith.

## LAOIDH XV.

I.

Iſling mhor a chunnaig mi,
Air leabaidh ſhocair ſhuain;
lladh air na miltean,
gan aireamh ſios gu luath;
creidmhich bha ag eiridh,
deas laimh Chrioſd thug buaidh;
na ghabh mi dh eibhneas ris,
dhuiſg mi fein am ſhuain.

II.

ſin an t a'bhar gairdeachais,
leanail blāth air Crioſd;
mharc air an t ſaoghal ſo,
ni 'ta faoin gun phris;
choigreach dol roi' fhaſlach,
h neach ata na ſgriob;
an taobh ud eile 'n bhas,
gheibh ſinn aite reir ar gniomh.

III.

Tha'n ſaoghal ſo ro' charach,
Do gach neach is caraid d'a;
Lan do dh' innleachd farſuing,
Chum a ghlacail air gach laimh;
Gach neach a' ruigh le mhianna',
'S gur i riaghail fein is fearr;
'S mu leanas ſibh na cialla' ſin,
Cho'n fhaic ſibh Dia gu brath.

IV.

O! Dhuinn' fhiathaich, ardanaich,
Nach pill u tra' ri ceill;
Nach fhaic u'n ſtochd on bhuaineadh 'tu
Gur ioſal ghluaiſeas e;
A neach a bhios lamh Dhia leis,
Ge d' s cnuimh e faoin gun fheum;
O thein' agus o uiſgeachan,
Sior ſtiuraidh s'e a cheum.

V.

B'og a fhuair u 'n t anam,
Is bu neimhchiōntas a ghnē;
Chum comhnuidh an̄n am bothan,
Air a dheanadh ſuas do chria;
'Ach 'n uair ruigheas ceann na h aonta,
A ſgriobh dhuit Riogh na neamh;
Tuitidh 'm bothan truaillidh ſin,
'S gur duainidh dhreach 's a nēul.

VI.

Is iomad neach ag radh,
Gun cuir s'e air dail an t eug;
A bha'n de gu laidir,
Is tha'n diu', ſam bas na bheul;

r fhaileas bhiodh air fāire,
ch neach at'a fui'n ghrein;
mar dhuilleach glas nan coiltichin,
:huit ſa pholl na leum.

VII.

t ſuil bu ghlaine fradharc,
n ſan aghaidh mhaiſeach rē;
:hluas bha geur gu claiſteachd,
ın teang bha blaſt chum ſgeul;
an lamh bu ghramal' chruadalaich,
a chos bu luath chum rēis;
gaidh 'm bas gun ghluaſad iad,
tu marbh s an uaigh gun fheum.

VIII.

:iſte chaol, is anart,
ıch aon earras theid leat fein;
n ſiuigh chrion nach mair'eanach,
ion ſeargaidh iad le cheil';
ı lam' bu chaomh air uaire leat,
ı lu' cuir uir mu d' chrē;
ſa' ſhios u d' onrachd,
ad broin gam bi mud' dheidh.

IX.

ua'bhaſach do cheileaſa,
ın fheudar bhi air chuairt;
chnamhan theid nan connadh,
do cholann theid na luath;
ı claigeinn ur a b' āille,
un chraicean ban no gruag;
ı' fhag am peacadh tair again,
thug ſinn do'n bhas mar dhuais.

X.

Nach faic u 'n corp air faillneachadh,
'S air dol na smal san uir;
'S mas ann do na firein e,
Do Chriosda bidh s'e dlu;
Togar anam priosail,
Is dionar e sui' chuirt;
Is crunar ann am parais e,
Le coran alluin ur.

XI.

'S iomad uasal, agus iosal,
Nach creid gur fior a chuis;
'S e 'm barail le 'n droch ghniomhara,
Gu suigh iad sīth sa chuirt;
Gach neach nach pill mun caochail e,
Bidh Criosd air cheann a stiuir;
Is glaodhar iad nan diobaraich,
An sraidean iosal cūil.

XII.

Mosglaidh iad le gābhadh,
Ann an aite cumhann, cruaidh;
A' mallachadh a bhothain sin,
Gu tric aig beul na h uaigh;
Bidh 'n anama fein gan dīteadh,
Is ag innseadh dhoibh gach truaigh;
'S ann latha mhor a dh'eireas iad,
Gu teine mhilteach bhuan.

XIII.

'S ann la sin thig Criosd gaolach oirnn',
Is faodhaichear gach uaigh;
'S iomad neach gu lasgoil,
Deir, " Ach gheibh sinn slainte uaith;"

J uair thig a ſholus dealrach oirnn',
idh iad ſa chaſgairt chruaidh;
am folach ann ſna cuiltean,
eal mum faic iad gnuis an Uain.

XIV.

ruſaidh na h uile dhuth'chana,
bheir iad cuntas uath;
o'n fhear a rinn ar ſaoradh,
e fhuil dhaor a dhoirt e 'nuas;
idh ſmuairein mor le mi-thlachd air,
an cuir am prioſan uaith;
e 'n t Aibhearſoir a gheibh coir orra,
ir ſon an gorraich thruagh.

XV.

buadhach e do'n fhirein ſin,
leanas Crioſd gun fhoill;
u ſiorruidh bidh ann cuirt leis,
hum as ur a chliu a ſeinn;
ſar ōr an deidh a chuinnidh,
idh na ſraidean ur fuidh bhonn;
ſar dhaimean ſoilleir dealrach,
mar chriſtal ban lan ſoills'.

XVI.

ſoſglaidh iad le gairdeachas,
ſheinn an lathair Dhia;
e'n eideadh ur ga charamh orr',
dealraiche no ghrian;
idh briathran milis Chrioſd ac',
e ſior chuir failt le ciall;
an cuireadh le na bheul,
ann leat a b eibhinn dhuinn bhi triall.

XVII.

O! Gabhadh ſibhs' an cuireadh,
Agus leanadh uile Crioſd;
'S iomad rum ga reiteach leis,
An aros De le ſith;
Na peacaidh 'ta mar eideadh oirbh,
Leigeadh gu leir iad dhibh;
Oir an ceum is caoile ſheolas ſinn,
R' ar beo gur leir do Chrioſd.

## LAOIDH XVI.

I.

GEillibh do lagh an Ard-riogh,
Do reir iomhaidh rinn na ſloigh;
Ge do pheacaich Adhamh ſa gharradh,
Cha do threig e riamh 'n t āll og.

II.

Am fearann a gheall e do dh' Abraham,
Cho d' fhailnich e ſhliochd na dheidh;
Thug e do dhuthaich Chanaan iad,
Ge b' fhad an dail b' fhior an ſgeul.

III.

'N tra' chuaidh clann Iſrael ſios do'n Eipl
Bha iad fui' phein ann, 's fuidh chīs;
Thug Riogh nan colbh roi'n mhuir ruaidh i
Ach dh' fhag Riogh Pharaoh 's a ſhluagh ſh

IV.

Chual ſibh Maois an duine coir,
A bha'n comhrag cruaidh 's an Eipht;
Mar theachdair thainig o Dhia,
'S nior chreid iad riamh ſmid da ſgeul.

V.

iomad plāigh dh' fhuiling am por ud,
iad a' ruigh le dochas breig;
ıa roibh 'm Maois leo ach fear chleas,
:agan bu treio' no iad fein.

VI.

ıainig aingeal oi'ch o Dhia orr',
mharbh e'n ciad ghin fad na h Eiphte;
a mhadain bu chruaidh an gābhadh,
O! Leigibh as clann Ifrael".

VII.

o ghluais Maois leis a chlainn,
an tabhairt a broinn na h Eipht';
hug e gu cois na muir ruaigh iad,
dh' fhofgail Dia fuas na clar 're dhoibh.

VIII.

hluais Riogh Pharaoh, 's b' aithreach dho,
n deidh floigh clainn Ifrael;
hainig le ftoilbh trid a chuain ud,
dhuin a muir mor fuas a beul air.

IX.

a-fhichid blia'n ann fan fhaflach,
o bha pobull araid De;
ran mana 'nuas o neamh orr',
heathachadh an da-threimh-dheug.

X.

huail e'n t flat 'fna creagan cruaidhe,
S bhruchd an t uifge fuar anios;
S ur a thog e fein an t āll ud,
ar'n do chreid a dha chlar fgriobht'.

XI.

'N cumhnanta rinn e re Abraham,
B' a a lamhſan leis an treud;
Thiormaich e rompa ſruth Jhordan,
'S thug e ſteach iad da'n coir fein.

XII.

Dh' eirich na fineachan fiathaich,
Bu dian ann an cath, nan cēud;
Sheas a ghrian leis ſuas ſea uaire,
Gus 'n do bhuadhaich leis gu leir.

XIII.

B' iomad cath cruaidh agus comhrag,
As an d' thug e 'm por ud riamh;
Thug e 'nios iad o thur Bhabel,
Gar am b' aill leo fein a rian.

XIV.

Pobull ceannairceach, cruaidh, dana,
Ag ſior bhriſeadh āith'nte Dhe;
Ghabh Dia fearg ag mead an cleas riu,
'S leig e greis iad leo'a fein.

XV.

Bha ſinn mar chaoiridh gun bhuachail,
Gun neach a ghabh a truas dhinn ann;
Ach Dia treun ann cath ſan comhrag,
Chuir e Mhac le deoin n' ar ceann.

XVI.

B'e ſin an deoin chruaidh ri leubha',
Mac De bhi ga chur ri crann;
An gaiſgeach ſona rinn ar ceannach,
Air a bhas thug buaidh d'an ain-deoin.

XVII.

hil e ar 'n ainmheach le eric,
ann duinn' a b' eibhinn bhi da choir;
eanadh sibhse 'n iul ghlan sholuis,
reachadh na choinnedh le solas.

XVIII.

iomadach ait leis ga reiteach,
e sith dhuinne 'n aros De;
ır am suigh sinn cuirm a nasgaidh,
nach gabh sinn ocras na dheidh.

XIX.

ch triallaidh 'n t amadan na shlighe,
reir miann a chroidhe fein;
us an druidear suas san uaigh e,
cho toir air Dia luadh ri rē.

XX.

s t fhearann no deansa bosd,
as do stor, no dhosan geili;
ir lead an roinne 's caoile d' cheann,
ho'n fhuasgail iad thall am feasd,

XXI.

abh mo chomhairle, 's glac ciall,
biodh do mhiann air a chuid is fearr;
i tric an comhladar Dhia,
luighide t fhia' roi' ghleann a bhais.

XXII.

i tric a taghal do'n t searmoin,
na dearmaid choi'ch focal De;
eith gu foidneach ri ordadh,
mo'aide do phorsan fein.

XXIII.

Im'ich a d' laithean gu coir,
'S no dean tair air duine bochd ;
Seachain gach droch bheairt fui'n ghrein,
'N teagal gun eughar do'n t sloc u

XXIV.

Faic an roth so doll mun cuairt,
Neach cho'n eil a dol o'n bhas:
Gach fear, 's gach bean thainig riamh,
Thriall iad uile 'n dus o'n d' thainig.

## LAOIDH XVII.

I.

CIOD as t uaill a dhuine bhorb!
An ann le d' stor a sheolas tu?
Suil air an talamh fui' d' bhonn,
Do chom a rinneadh da smur.

II.

Na dean uaill a barr do chinn
Dual cho dean u dubh, no ban;
An t suil ge fradharcach i d' cheann,
Is santach air gach ni do chi.

III.

Ma chluinneas do chluas droch sgeul,
Bheir do bheul a bhreug aris?
Labhraidh do theanga gu borb,
Freagraidh organa' do chinn.

IV.

Thig o d' chroidhe tonna' fuar,
Mar fhiab fhneachda folbh le gaoith;
Ag iomain do fmuaintin faoin,
Nach fheudar a chuir ann gniomh.

V.

Sinidh tu do lamh amach,
Mar fhear catha 'n co'ail fluaigh;
S ni u earbs' a d' chofaibh fein,
S as do fgeith a chofnadh buaidh.

VI.

Bheirim comhairl' ort gu foill,
Na dean bofd a d' phearfainn fein;
'S a liuthad faighead int ann tamh;
'S galar grāin a tha na deidh.

VII.

Cuir do dhuil ann ni is fearr,
No ailleagan tha fui'n ghrein;
An cumhnanta rinneadh ri h Adhamh,
'S biodh do ghnathachadh do reir.

VIII.

Na bi tric ann tigh an ofd,
Na dean bofd, 's na labhair breug;
Na bi fantachadh le d' fhuil,
Ach coimhead ūmhlachd muintir Dhe.

IX.

Thoir buidheachas air gach tra',
Do dhail ann fearann na'm beo;
Cuimhnich na h aitheanta gu leir,
'S fulangas Mhic De fan fheoil.

X.

Lean a naimhdean e gu geur,
Ga sgiursеadh o laimh, gu laimh;
Chionn e bhi teagasg an t sluaigh,
Gan cumail o shior'eachd bais.

XI.

Breith gun cheartas thugadh air,
Cheusadh e ri crann gun iochd:
Mac na firinn Uan gun chiont,
Thiolaic iad's chuir gard ma lic.

XII.

An treas la ruisgeadh leis uaigh,
'S dh' eirich e suas ann an gloir;
Air deas laimh 'n Athar ata,
Gairm gach neach le 'n āill bhi beo.

XIII.

Anois a ghaisgich caisg do mhiann,
'S fuadaich gaoth fhiar as do sheol:
Tilg t acair air carraig bhuan,
Nach fheudar fhuasgladh le h or.

XIV.

Cuir do pheacaine fa'r cul,
Le h aithreachas dlu, 's le bron;
'S cuir do dhochas ann san Triath,
An t aon Dia, is bidh tu beo.

CRIOCH A CHEUD LEABHAIR.

CO' CHRUINNEACHADH

# L A O I D H E

AGUS

# HANTAICIBH SPIORADAIL,

LE

UGHDAIREAN EAGSAMHAIL.

---

## L E A B H. II.

---

### L A O I D H XVIII.

I.

THUSA ghairm gu h eifeachdach,
Air cnamhan an Efekiel;
ıug cnaimh gu cnaimh ri cheile dhiu,
:'m feithean is le'm feoil.

II.

bhair ach am focal rium,
ge do tha mi an-ſhocrach;
r ball bidh ſlaint air aiſeag dhamh,
o chlaiſteachd is mo threoir.

III.

'Se ſo ceannſa' mu'n d' umhlaich e,
Ga bhreith ann aſtail bhruidean duinn;
'N tra' bha cach gu muirnneachoil,
Ann lu'chuirt ann tigh-oil.

IV.

Thaing filidh Phaganach,
O dhu'aich chian gu fhailteachadh;
'S rinn reuli an t iul air faire dhoibh,
Gu dealrach fad an roid.

V.

Dh' fhuaſgail iad an ionnaſaibh,
Is thug do Riogh nam flaitheaſaibh;
Na naoidhean truagh', ſ'e aim-beartach,
Tuis, mirrh, is ſeodaibh oir.

VI.

Thuirling mal-ſhluagh fhlaitheaſaibh,
Air buachailean nan aigheanaibh;
O! phloſg an croidh gu h aidhearach,
'N tra' dh'airiſibh an ſgleō.

VII.

B'e 'n ſgleo, 'ta ſith air thalamh dhuinn,
Caomh-chaoimhneas agus maitheanas;
O Ard-riogh neamh ar 'n athair dhuinn,
Na mhac a nochd' 's ann fheoil.

VIII.

Cho Bhan-riogh a bu mhathair dha,
No Ban-tighearn' eideadh ſcarloide;
Ach bochd-bhean do ſhīl Dhaibhidh,
A dh' athraich e 's e og.

IX.

ha roibh do dh' ionnas talmhaidh aic,
ch fis-eoin bheaga chalmana';
e ſud an iobairt gheanmnuidheachd,
chuir i ſuas mar nōs.

X.

on' an com 'n do tharmuich e,
e cumhachdan an Ard-ſpioraid;
a ghiulain re tri raidhean e,
ir bhi dhi ghnath na h oigh.

XI.

tra' chualas ann Jeruſalem,
un d' rugadh Riogh nan Judheanach;
huaidh chathair mhor gu h ubaroid,
bha Riogh a chruin fui' leon.

XII.

paiſgt' ann truſgan an-uaſal,
a naoidhean 'n uchd a bhan-altrainn;
h' fhoir iad as an fhearann e,
u fearann coigreach broin.

XIII.

ar toiſg bha e air allaban,
us an d' thainig an codal doibh;
u grad iad philleadh dhathchai' leis,
ach raibh fhear caſgairt beo.

XIV.

og bha e na dhibearach,
bhreith gu bhas ga dhionruagadh;
tra' chaſgaradh gach ciocharan,
ha ann 's gach crioch ga choir.

XV.

'S og a thainig eagnadh dha,
'S cho'n fhoghlum dhaoine theagaisg e;
'N tra' dh' amail e le ceistean iad,
Ann tigh Jehovah mhoir.

XVI.

Thuirt a chairdean ain-eolach,
Gu roibh a chiall air mhearachd uaith;
'S ann orra rug an seacharan,
Nach' d' aithnich Riogh na gloir.

XVII.

Air banais Chana Ghalile,
'S e rinn an gniomh bha annosach;
Do bhurn glan na h amhunn doibh,
Rinn fion bu daite croichd.

XVIII.

Cho roibh ni cruaidh na spairn air,
O'n uaigh do dhuisg e Lasarus;
Ge d' thuirt a phiuthar Martha ris,
Tha breine 'n tras' na fheoil.

XIX.

'S e ghluais gu luth'r na bacaich,
'S thug claisteachd do na stacaich;
'S e ghleus an t suil nach faca dad,
O bhroinn a mhathar leont'.

XX.

Dh' fhogair e na fia'rasaibh,
Gach crith, 's gach tinneas iargaineach;
Le uile ghne do phiantainibh,
Bh' aig Diobhla' borb ri leon.

XXI.

huir fuadach fui' na deamhana,
' bha mar mhadraidh comhartaich;
nn truaghana' gun chomh-fhurtachd,
un d' thainig e gam foir.

XXII.

ſtigh am Bard-ghethſemane,
choin! bu mhor a dheireas ann;
ha follas fola ſileadh,
gach ribe bha roi' fheoil.

XXIII.

u bhochd e 'n fheadh air chuairt an-ſo,
' ann o iaſg nan cuantainibh;
phaidh e chis a dh' fhuaſgail air,
o dh' Uachdaran na Roimh.

XXIV.

' an deainte Leabhran-innſeachain,
ir gach maith, is miorbhuile;
rinneadh leis do dhiobrachain,
u 'n liont an cruinne leō

XXV.

olc an duais a dhioladh dha,
mhuintir fein ga dhionruagadh;
u foilleil fiar do dhiteadh leo,
e ſpid is tailceas mhor.

XXVI.

hainig praſgan ragairean,
e airm na dheidh, 's le bataichibh;
air labhairt dh'a an fhocail riu,
o lagaich air an treoir.

XXVII.

Chuir dallamh air a ſhuilean,
Agus bhuail iad air a chuladh e;
Ag feoraich dhē' gu h umadoil,
" Co chuitich ris an dornn."

XXVIII.

Bha bean Philat buaireaſach,
Le brionglaidibh a bruadaraibh;
Is chuir i fios gu ſuairce uaith,
Gun bhuintin cruaidh ri bheo.

XXIX.

Ach bha Pilat truagh co aimaideach,
Air nitheadh a lamh, thug thairis e;
Is dhordaich e a chaſgaradh,
Le builean ſgaiteach chord.

XXX.

Mar ghiulain Iſaac glas-darach,
Na chuail — 's chuir teine laſarach,
Ri cholainn fein gu'n achdarachd,
Le Athair — don Dia bheo.

XXXI.

'N crann ceuſaidh bh' air a ghuaileaſan,
Is follas teachd o ghruaidhe leis;
'S e lubadh fuidh na cualaibh ſin,
A ſuas ri ſliagh a bhroin.

XXXII.

Crun do dheilgnich chuir iad air,
Is eudann dh'ung le ſmugaidean;
Mar ſgeig thug colbh do chuilce dha,
'S am pluicean ſheid le ſgod.

XXXIII.

e crann an aird do cheus iad e,
ha laimh, ſa choſan ſpeiceadh leo:
o bhuin iad ris gu deiſinneach,
an De gun bheud gun ghō

XXXIV.

ıug na mearlaich caineadh dh'a,
an dara fear dhiu ſhabhail e;
A dubhras noc bios lamh rium
Ann an aros Riogh na gloir."

XXXV.

;airt e'n ſin na eiginn mhoir,
Mo Dhia cia air ſon a threig u mi,
'S nach d' fhuair u riamh bonn beud ann-am
Gu d' eigneachadh ga m' leon."

XXXVI.

on geur thug a choſg iota dha,
air an gluinibh ſtriochd iad d'a:
A dubhras tha e criochnaicht',
gus ſtriochd e ſuas an deo.

XXXVII.

chliabh le gath chuaidh lota' leo,
ıruth fuil is uiſg o dhochanaibh;
a thuilte bras gu ſochairean,
mhuintir bhochd gun treoir.

XXXVIII.

habh grian naduir nāire dhe',
ıuir dorchadas mar ſgail orra:
ıuaidh prionns' na ſith a ghraineachadh,
e graiſg an diobhail mhoir.

XXXIX.

Sgag am brat aig dealachadh,
Na bhlaidean nuas gu cabhagach;
A thaisbeanadh gun amharas,
Gun d' atharaich gach ſeol.

XL.

An cruinne chliſg gu h uamhannach,
Is ſgealb na creagan cruaidhe ris;
Is chliſg na mairbh o'n uaigheanaibh,
A ſuas mar bha iad beo.

XLI.

Is ge d' b'e Riogh nam fineachan,
Cha roibh rum uaigh mar dhlighe dha;
'S e Joſeph thug leac-lighe dha,
'N do righeadh ſuas a chorp.

XLII.

Mar chomhdach air an ainn-deanachd,
'S a dheandh cealgoir ainneant' de';
Do ſhaoilich iad gu daingean i,
'S chuir fair air uaigh gu lō.

XLIII.

Ach a dh' ain-deoin as-inn leachd,
Dhaoin' aingidh, agus Aibhearſoir;
Do charaich aingeal fhlaitheaſa',
A chloch o'n uaigh le treoir.

XLIV.

Air briſeadh fair na madainne,
Thug buaidh air uaigh, cho d' fhan e in
Is dh' fhag na dheidh an t ais-eudach,
A naſgadh firinn oirnn'.

# LAOIDH XIX.

I.

OM am bhuil mo theang' na tost,
A' cluintinn osnaichean mo chroidh';
in bhui'eachas agus gloir,
thoirt do'n ti a dh'orduich mi.

II.

dana do neach nach bhuil,
n amhain ach fuil is feoil?
annadh ri aireamh do ghniomh,
r a chruthaich neamh is neoil.

III.

tu rinn a ghealach, 's a ghrian,
do reir h orduigh, dhearl' amach;
planaidean, le miltidh reull,
ithich u gach tē na teach.

IV.

u rinn an domhan, 's a lan,
tibh canaich, 's beantaibh cas;
fhairge, leis gach iasg ni snamh,
ig u sud do dh' Adhamh na cheart.

V.

h treud a ghluaiseas ann gleann,
ach meas air chrann ann an coill';
h lus is am fras na'm barr,
ig u sud do dh' Adhamh 's an roinn.

VI.

Thug u 'n garradh dha mar dhuais,
Chum gun gluaiseadh t iomhaidh leis;
'S truagh gun bhris a bhean a bh' ann,
'N uair dh' ith i o'n chrann a meas.

VII.

'S i nathair a mheall i tur,
A thug an t ubhal dhi' na laimh:
Bhlais i, is dh' im'ich i gu luath,
A dh' airis a bhuaidhean do dh' Adhamh.

VIII.

Dh' fhosgail an suilean araon,
'S chunnaig iad caochladh an sgēimh;
'S thug iad duilleagan dhe'n chraoibh,
B' fhaoin an dion folaich da'n gniomh.

IX.

An sin labhair an t Athair ris,
" C'om an do bhris u mo cheud aith'n;
" Bidh sgrios ga d' leanail anois,
" Gheibh u fein, 's do shliochd am bas'.

X.

" Im'ich o'm gharradh gu luath,
" Dean do ghluasad fea' nan tom;
" Dean t aran le sollas do ghruaidh,
" As an dualchas tha fui'd bhonn."

XI.

Moladh do dh' ard Riogh nam feart,
A thug gradh gun choimeas ris;
'S a rinn cumhnanta ri h Adhamh,
Gun sabhailte pairt da shliochd.

XII.

e Criosd a choisinn sud dhuinn',
: follas a ghnuis gu chneas;
ı t sleagh nimhe roimh'a thaobh,
fhuil a' taomadh mar thuinn chas.

XIII.

' uair bhuidhinn mo Riogh a bhuaidh,
a thug e suas mar iobairt fhuil;
ıreithnich an talamh fuidh bhonn,
air a ghrein bu trom an smal.

XIV.

ı' eirich na mairbh as an uaigh,
oilt an teampull le fuaim ghrad;
ith-thalmhinn, 's dealanach gheur,
ıaill na speuran fein an dreach.

XV.

ı bheag an t ionadh ua'mhas borb,
ıigh'n le stoirm air fea' an t sluaigh;
uair dh' aithchein iad aon Mhac De,
ann a cheus iad e gu h uaigh.

XVI.

eibhinn eisteachd guth na naomh,
; seinn ciuil air teuda deich;
; altuchadh a bheatha fos,
a' toirt gloir da threoir, 's da neart.

XVII.

thug buaidh air uaigh, 's air bas,
sgrios a naimhdean as a chuirt;
' cur oifigean fein ann gniomh,
ag ullmhacha' na rioghachd dhuinn.

XVIII.

Gloir do'n Athair, 's gloir do'n Mhac,
'S gloir do'n Spiorad neartmhor naomh;
Na tri pearſainn, 's an aon Dia,
Sud e 'n Triath am bhuil mo dhuil.

## LAOIDH XX.

I.

GLOIR do'n lēigh da'n leir mo lotail
Tha mo ſhochdair ann a d' laimh;
O! 'S tu thilg na ſaighde diamhair,
Thig le hiſop, 's bidh mi ſlan.

II.

'S tuſa 'n lēigh a thig le d' iarraidh,
Nach iarr fiachan, ach ar gradh;
Gloir is moladh thoirt le h umhlachd,
'S coimhid dlu air a chiad aithn'.

III.

Cho lub mi mo ghlun do dh' iomhaidh,
A rinneadh le innleachdan lamh;
Leanaidh mi Caiptin clainn Iſrael,
A' ghrādhaich ſinn mun d' intrig bas.

IV.

O! 'S tu 'm fāidh a chum ar ſlainte,
No buin fein do ſpiorad uainn;
O! 'S tu 'n Sagairt thug an iobairt,
Mar dhioladh air ſon an t ſluaigh.

V.

'S tu 'n Riogh a ni ar conadh,
ſgiath chomhraig ri cruaidh chath:
ɔiſidh tu do naimhde breugach,
ır dhuilleach gheug ri cruaidh ſhneachd.

VI.

thrainichear iad as t fhia'nais,
triall gu prioſan a bhroin;
n bi gul is diaſgan fhiacal,
ın riaſladh gun fhurtachd lō.

VII.

ın ghul, agus coithrean broin,
e ſud an cronan am feaſt;
n leadairt le teas agus fuachd,
ın duil uaire ri tigh'n as.

VIII.

athchuing oirbh a bhraithrean crioſduidh,
hradh do dh' Ard-riogh nam feart;
bheir buidheachas ſan uaigh?
cho d' thig aon do'n t ſluagh air ais.

IX.

anamh obair ſad an la,
dorchadas nan trath da'r coir;
'm fas an teanga gun chli,
uineagan a chinn mar cheo.

X.

ımhail mi is earb am preas,
dhair ga caol-ruigh na h airc;
uair tharlas i ann an cluain,
o cuimhnich i ruaig no cath.

XI.

Mar long gun seol mi ann cuan,
Doininn mhor ri bord a' ſtrith;
Fhir a dh' fhuaſglas air gach cas,
Glac an acair ſabhail mi.

XII.

Reitich cail do'm anam fein,
Cuir tr[illegible] nam breug-ſo dhim;
O 'S tu cheannaich mi o'n bhas!
A meaſg do chloinne airmhear mi.

XIII.

'N ſin feinneam laoidh mholaidh dhuit,
Air na h orgain or-uidh bhinn;
'S o'n 's tu 's airde th' ann an gloir,
Tagair fein do choir a Chrioſd.

## LAOIDH XXI.

I.

'S Fhada 'n codal ort a cholann,
T uine ruigh mar ghlaine gainimh;
Mar * ealuinn ri craoibh an doire,
Tha do choire riut a leanail.

II.

Moſgail, 's ruigh an r'eis tha roi'ead,
Mum fas u gu h ea-ſlan, crom;
Mu'n d' theid do radharc an doilead,
Fuadaich gach coire tha d' chom.

* ea-ſhlat.

III.

e do 's peacach mi gun eolas,
ho mheaſa 'm oige no Paul;
uiridh mi mo dhuil am Shlanai-fhear,
glacaidh e mo chas na laimh.

IV.

n croidhe turſach ni u ēibhinn,
bheir u 'n fhēumanach a lan;
ho bhi iota air na ciochrain,
cho bhi dibearach a d' ſgath.

V.

! 'S tu bheir do'n dall a fhradharc,
i mi raghain dhiot mar leigh:
ırnidh tu chloch as a chroidhe,
ſhoirbheachadh a d' ſlighe fein.

VI.

;eudaich mi le brat do dhideinn,
ıir bata na firinn am laimh;
›inneal do ſhoiſgeil a'm bhrolach,
gluaiſidh mi 'n coran do ghraidh.

VII.

luaiſidh mi gu ſuilbhear ait,
ni mi neart a d' bhriathraibh fein;
ıch neach a dh' iarras gu fuigh,
›irbheartas o d' Mhac na'm feum.

VIII.

iallaidh mi dh' ionſuidh na carach,
r am bheil aoibhneas do naomh;
h ainglean a' ſeinn na trompaid,
miltidh ag cur fonn le d' chliu,

IX.

Cho luigh ſmal an cūirt nam flāth,
Duibhreadh na'm fochar cho ſeas;
Ach dealradh glan do ghnuis fai-dheoidh,
A ni u og am fear tha ſean.

X.

'S lionmhor cruit ann cūirt mo Riogh,
'S clarſach bhinn le teudan oir;
Organ a ſheinneas le fuaim,
'S gach inneal a ghluaiſeas le ceol.

XI.

A Shlan'-fhear dhuit a fleir mo dhorainn,
Cuir ſgeimh na feola fo dhim;
'S gu reachain a ſteach do'n choi'-cheal,
A ſheinn molaidh dhuit a choi'ch.

XII.

'S eibhinn a ghloir,
'S eibhinn an ceol,
Aoibhneas gun bhron,
Ann cūirt do ſtoir,
Gun fhailinn da'r coir a choi'ch.

XIII.

O aon Mhac do ghraidh!
A cheuſadh gun chaird,
'S a thug buaidh air a bhas,
Na ſhuigh ag do laimh,
A' ſior bhuidhinn ar cāis gun ſgios.

XIV.

Mo ſhuil riut gach trath,
A t iochd, 's a d' bhāidh,
Ge cruaidh mo chas,
Glac fein mo lamh,
Is ſuaſgail an ſgail ſo dhim.

## LAOIDH XXII.

I.

M' Athchuing ort a Riogh an āigh,
O na 's i do lamh is treiſe;
h' fhuaſgail u Maois ann ſan fhaſach,
ann 's gach cas gu d' rinn u ſheaſadh.

II.

hug u aran as na neamhe,
hug u burnn a aodan chreagan;
goilt u mhuir na rathad rèidh dhoibh,
rinn u clann Iſrael a ſheaſadh.

III.

ha do ghairdein treun gan conadh,
nn 's gach do'ruinn chuir iad ſeachad;
us na thuit iad ann an gōrraich,
b' fheudar leon tigh'n air am pearſainn.

IV.

uair thogadh Maois riut a lamhan,
ha do ghraſan aig am pailteas;
u leis buaidh cath agus comhraig,
bhiodh e beo air ſgath do bhrataich.

V.

ach neach a ſheaſas ri d' ordadh,
o ni treorachd as do neartſa;
cintich nach baſaich e'n do'ruinn,
hoilleirich Jhob e na eachdraidh.

VI.

'S dana dhamh mo ruiſg a thogail,
'S peacach lothar mi gun eolas;
'S dana dhamh t ainm naomha ghluaſad,
Le teangaidh bhuaireaſaich neo-ghloin.

VII.

M' athchuing ort a Riogh nam ſeartan,
Ge do tha mo pheacaidh lionmhor;
Cuir amach iad as do lathair,
'S baſaicheadh iad air ſgath t aon-mhic.

VIII.

Cho d' fholuich u riamh do ghnūis,
Air neach a dh' iarr le durachd i;
Cuidich mi ge d' tha mi 'm failinn,
'S pailte 'n lamh no aird an lionaidh.

IX.

Teagaiſg dhamh mo chaint a thaghadh,
'S gun deanainn roghain dhe' t ordadh:
Fuadaich mo leananan peacaidh,
Chuir mi 'n cleachdain ann tūs 'm oige.

X.

Soilſich mo chroidhe le d' mhaitheas,
Sgeudaich mi le brat na firinn:
Dion le d' ſpiorad mi o bhuaireadh,
'S tu mo charraig bhuan gu dilinn.

XI.

'S tu mo ſhoilſe ri h am codail,
'S ann ſa chodal 's tu mo dhidinn;
'S tu mo thoil-intinn air madainn,
A riogh nam feartan glac a d' lion mi.

XII.

d' fheirg a Riogh, no treigſa miſe,
dean le d' ſpiorad naomh mo liònadh;
ſo ſhuilean thògail ri d' ordadh,
ri d' ſtor nach teirig gu ſiorruidh.

XIII.

uair a thoilicheas tu fein u,
eis a chreabhaig ſo ni crionadh;
lac m'anam a ſteach do d' gharradh,
ir ſgath mo Shlanai-fhear a dhil mi.

## L A O I D H XXIII.

I.

Uidich miſe Riogh na greine,
O n' ſan duit is leir mo chās;
dh' fhuaſgail beul na h Aiſil truaighe,
tra' bhuaileadh i leis an fhāidh.

II.

ha mo chroidhe turſach, trom,
ha tog e leom mar mo mhiann;
mo theang' ain-eolach, gun chail,
h' aithris do chach pairt do d' ghniomh.

III.

ia fada theid mo fhradharc uam,
hi mi obair bhuan do lamh;
uair ſheallas mi air a ghrein,
hig pairt do d' aoibhneas le blā's.

IV.

Chi mi fochann, chi mi fear,
Duilleach air gheig, 's meas air chrann;
Gach lus is a buaidh na coir,
'S an le d' ordadh tha i fas.

V.

Sīntin an aidhir ge borb,
Smachduichidh tu iad le ſith;
'S ni u clach do'n uiſge 'mhāin,
'S an uair is aill leat bla's aris.

VI.

Chi mi 'n eanlaidh ge do 's lionmhor,
Gu ſgeudachail, fiorghlan, tlath;
Dathail, dreachoil, ge d' nach ſniomh iad,
'S cho chuir ſioban ora ſgāth.

VII.

An fhairge ni traghadh, is lionadh,
Ag nochdadh miorbhuile do ghrais;
Tha pairt d' ar beath ann oſ-ioſal,
'S fhuair ſinn innleachd dol na phairt.

VIII.

Chi mi 'm botha-frois mu'm chomhair,
Pairt do chomharan do ghraidh;
A fhuair clann Iſrael ſhios ſan Eiphte,
'N uair bu truagh leat fein an cās.

# LAOIDH XXIV.

I.

LAtha do bhitheamar gu mear, uaibhreach,
A Mhacaidh ud is guirme ſuil;
.on fhocal air leas an anama,
.ur ſeirbhe bhlas no'm fearnn ur.

II.

.oin a bhaile ſo ſhuas,
.ur truagh nach tuigeadh tu 'm bas;
.ach faic u fear na h uaille ſhios,
. am feur uaine trid roi' fas.

III.

.e mor leat do ghiudhrain Mhuc,
. do bhuaile bhuar bhallach breac;
.ighir an ubhail ge beag,
.ho d' theid do'n uaigh chumhain leat.

IV.

. dhuine thruaigh nach gabh u eagal,
.I faic u 'n teug thugad na ruigh;
.nans' bhi air bhord na h uaighe,
.e d' bu tu bu bhuain air bith.

V.

.N uair bheirear uait an ceann-aghairt,
.S a theid air fradharc do ſhūl;
.uiridh iad u ſint air mhaidean,
S cho 'n ann air leabaidh do'n chlōith.

VI.

Cuiridh iad u 'n ciſtidh chumhainn,
Aon bhrat lin do bhi mu d' chorp;
Druim do thighe ri cuinnein do ſhroine,
'S cumhann an teach ola dhuit.

VII.

Tri ſlatan do dh' anart margaidh,
Theid mu d' chorp, gur beag a phris;
'S bidh do chairdean 's do luchd comainn,
Ga ghearradh mu d' bhonnaibh ſhios.

VIII.

Togaidh iad u 'n darna-mhaireach,
Sluagh mu ſeach a' dol fuidh d' chorp;
Ghille ge mor leat do mhire,
Nithear cluich na Cille' ort.

IX.

Carbad beag nach bi do ſhāth,
Bheir iad leat gu beul an t ſluic;
Lamh na ti bu chaomh air uaire,
Uir gu tiugh ga ſhluaiſtreadh ort.

X.

Bheir iad u gu beul na h uaighe,
Gun neart gun fhradharc gun lūth;
Do chairdean a d' dheidh gu bronach,
'S fagar ſhios a d' onrachd thu.

XI.

A dhuine thruaigh nach fhan u d' eagal,
'M faic u 'n t eug thugad na ruigh;
[illegible]onans' bhi air bhord na h uaighe,
[illegible]d bu tu bu bhuain air bith.

# LAOIDH XXV.

I.

S cian ata mi 'm chodal,
Gun abuchadh m' uine;
gun fmuainteachadh trathail,
r latha bhais 's na h uire.

II.

a 'n faoghal gam mhealladh,
chdaran mo chroidhe;
m mhealladh o bheatha,
gam thoirt fiar fan t flighe.

III.

a'm t eug ua ruigh thuganne,
or an Riogh is airde;
cha chum buar, no cũinneadh,
ir d' ar cuís na cairdean.

IV.

ruifg fhocrach, fhior-mhaifeach,
id na gnũis is aille;
ann teanga dheas gheur-fhoclach,
'n fgeiltear na fgeoil ghãire.

V.

an lamh laidir, chruadalach,
m beirte buaidh gach barach;
añ croidhe mear ardanach,
ch fuiling tuar no taire.

VI.

Am fiudhidh chrion, nach maireanach,
Crion ſeargaidh iad le cheile;
A' dol an duchas t fhearain leat,
Gun earras ach do leineag.

VII.

An oighreachd nan teach drilſeannach,
" Deanamid ol nan urad:"
O amhairc air d' leab ioſail,
A d' oighreachd ſhiorruidh ſhuthainn!

VIII.

Do chomann gu teo'-ghradhach,
Dol leat gu cuirm, is coinneadh;
Ach air bord na h uaighe,
Cha'n fhan iad uair a d' chomann.

IX.

Tionacadh lamh an fhireanaich,
Chuaidh ris a chrann gu do'ruinneach;
Ri toirt buaidh gu ceuſannach,
A leith an t ſluaigh gu leoghanach.

X.

Chuaidh tu ſios chum fulangais,
Ann ſan iobairt anſhocraich;
'S thainig u 'nios gu h urramach,
As an uaigh gu ceannardach.

XI.

Chuir e 'm blar gu h urranta,
Air a bhas gu h ainnealta;
Dean mo choir, 's mo chumailſa,
Ann a d' ghloir gu maireannach.

XII.

am thruſadh nan traipeachan,
tu 's urrain gu'n ordachadh;
oir mo ſheilbh gu didinnich,
ſteach o chlann nam fogarrach.

XIII.

ann a d Thriath gam chuideachadh,
tha cian na h ais-eiridh;
na leig mi gu tuiſleumach,
ın cuideachd clann na h as-umhlachd.

XIV.

ann a d' ghloirs' tha 'n t ſithſhaimh,
:h tha luchd a bhroin gu piantachail;
thoir mo ſheilbh gu d' dhidinnſa,
ıs a chathair chiannanach.

## LAOIDH XXVI.

I.

ABH mo chomhairle roi 'n bhas,
'S bi 'g aireamh do laith fai-leath;
ıch aon lochd a rinn u riamh,
modhaide do phian an cleath.

II.

ean t fhaoſaid ann lathair Dhe,
na bithidh do dheur na thamh;
igeaſan tha feitheadh ort,
a leighiſeas lot da mhead.

III.

Iomagain an Riogh air a chrann,
'S na tairngean gu teann ga'n cur;
Biodh ſud a d' chuimhne ri d' rē,
Gus an d' theid cria air do mhuin.

IV.

Mu bhios uir-eaſbhuidh no di,
Air muintir Chrioſd a' teachd a d' dhail;
No dean eargalt as do ſtor,
'S liubhair t ailmſe uait le gradh.

V.

No bi fein ceatach mu d ſtor,
Cho 'n eil e d' choir ach car treall;
'S ge d gheill duit fearann is fonn,
Cha 'n fhuaſgail e bonn duit thall.

VI.

Cuimhnich air riaghail nam faidhean,
'S na briathraich a bhreug le ceilg;
Na h aom le h ardan do mhiann,
'S cairich ſrian gu teann ri d' fheirg.

VII.

Cuimhnich an geocach na ſheaſadh,
Air Laſarus cho d' thug meas;
Thainig an t eug air gu cās,
'S dh' eignich as a ghloir gun fhios.

VIII.

No sīnſa t aire ri d' aois,
Mu maolaich do chrann gun chnuais;
'S cho'n fhuigh t athchuinge gun phris,
Dadum duit o'n Riogh anuas.

IX.

'um freiceadan air a bhas,
'S na tabhair freaſdal do d' ghnuis;
'S na bi ann a d' charaid do'n chraois,
Iu meallar le baois do chuis.

X.

'oimhid an t ſabaid le ſtuaim,
'S na creic do bhuaidh air mio-rath;
'a caill do mhaith air mio-chluain,
'S air gradh aithneicht uamſa gabh.

## LAOIDH XXVII.

I.

DIdomhnaich a rugadh Criofd,
Shoilſich ſolus am beinn gle ghil;
hoilſich an cuan min gheal, re-gheal,
geula b ionadh le Joraith.

II.

huir Joraith fios uaithe gu traidh,
'N ſin rainig buidheann threun;
dh' fhioſraich iad do'n bhuidhinn mhoir,
iod e 'n t ſoils' tha do'n t ſeala-ghrein.

III.

'ac a rugadh ſa bheatha bhuan,
e port tuinne re trean ruagh;
'aſa maithrean Cleireach gun fheall,
heir e 'n orghreachd uile tharuing.

IV.

Cuireadh thugamsa ga phianadh,
Gach mac tha'n ceann a sheachd bliadhna;
Anois sin a chur anall,
Gu ruig aois na h aon oidhche.

V.

Chruinnichidh gach macain maoth,
Gu cnocan naomh gu'n crādh;
Gus an laraich shona luim,
'S a mhathair fein leis gach aon Mhac.

VI.

Dh' eirich Muir air madainn mhoich,
A dhol am folach le mac fein;
A' dol di as na gabhadh thall,
Chunnaig i tighin ath-bhuidheann.

VII.

" A ghraidh soilsich ni a'd intinn,
" Ciod e ni sinn;"
" Tha 'n ath-bhuidheann ann an gair dhuin
" 'S bas a dhilseinn."

VIII.

" Labhair thusa gun fheall,
" Ris a bhuidhinn ud a th'ann,
" Ge do shuibhail iad gach tom,
" Gu bheil an iontrain agadsa.

IX.

" Eist a bhean agus bi d' thosd,
" 'S leir dhamh gile do dha rosg;
" A bhean as an tir ud thall,
" Na'm b ann agad a bhiodh cho'n innsead

# LAOIDH MHIC CITHICH.

I.

MO dhuil ann Criosd,
An tī 'ta laidir buan,
ird phrionnsa gach Ri',
'h'air crich na talmhainn fhuair;
ie mor libh ar stri',
s ar caoi' mu ni gu cruaidh;
Ia laimhsan tha'n stiuir,
s tha feitheadh oirnn uir, is uaigh.

II.

'ha 'n sluagh so borb,
e toilg, 's cho'n ann le ceill;
s e 'n rodhain is fearr leo,
'adhadh ga'n aimhleas fein;
iun chreidimh, gun chrabh',
iur nar bhi'n as-umhlachd Dhe,
Iu'n t saoghal co teann,
iu saoil iad gur h ann doibh fein.

III.

chollunn gun chiall,
ha riamh a' dusgadh nan olc;
ach fiosraich u d' ghnē,
iur h iosal a thainig do stoc;
o dh' uslach, 's do chrē
rinneadh do chnamhan 's do chorp,
iaidh tu aris a d' smal air dubhadh,
ui' shailtean nan cos.

IV.

Cho bhio'adhamaid ard,
'Nan deanamaid fealtainn oirn fein;
Thuit Adhamh le fgrios,
Dh' fhag bāit a fhliochd na dheidh,
Nam bio'adhmaid glic,
'S gu coifnea'maid meas duinn fein,
Gu fuighea'maid iochd,
O laimh do Mhicfe Dhe.

V.

Tha'n croidhe fo goirt,
Ochoin a noc mar tha;
Co cruaidh 's a chlach,
Gun tiomachadh tais no tla',
Bris fein a chlach,
O na's tu is treife lamh,
Gun fruthadh e bras,
A chumha mar thachair dha.

VI.

Nach creid fibh le'r fuil,
A chuis ga h iomairt mar tha,
'M fear a fhaoileas bhi buan,
Tha'n uaigh ga grinneachadh dha;
Tha'm peacadh gar claoi'
A choich cho'n fhuigh finn uai' tamh
Ach 's e'n leigh a tha fhuas,
A dheanamh ri h uair finn flan.

VII.

Tha'n eallach fo trom,
A leag mi ǫ bhonn gu lar,
Gur cian mo chlos,
'S nach d' rinneadh mo phrofnacha' tra';

Io thruaighe mi,
Iar chaith mi na thim mo laith,
'o fag mi Chriosd,
rlac m' anam, 's mo shith a d' laimh.

VIII.

Ia thainig a thiom,
.n teachdaire dian am bās?
'a ghnothach cho mheirbh,
; da sheilbh cho tabhair e dāil;
'! Nach roibh mis' am dhuisg,
; gum b' fhiu mo ghabhail gu slaint;
.ch fear sheasamh mo chūis,
ho d' thug mi riamh cuntas d'a.

IX.

Ia's aill libh bhi beo,
nn ceol, 's ann aidhear gu brath;
·lacaibh tigheadas buan,
ha shuas aig Athair nan gras;
eigibh an saoghal so dhibh;
·ur tiom dhuibh gabhail mu thamh,
ho b'ionann 's gu sior,
hi 'm pian ann garadh nach tlath.

X.

ha spiorad an uilc,
. seideadh ar cuirp gu teann;
; gar leanail gu min,
hum ar 'n Og, is ar Sean a chall;
ur deisneach a bheairt,
.ar gheill sibh do'n pheacadh dhall;
! Nach ulmhaich sibh as,
dh' urachadh staid is fearr.

XI.

Tha'n ſaoghal ſo cearr,
Ge teann tha ſinne na dheidh;
Mar Ghearran gun ſrian,
Dol an rathad is miann leis fein;
'M fear is pailte do ni,
Is thaiſgeas na miltidh ceud;
Sia troidhean d'a 's rum,
Gun fharaid cia 'n t iul a theid.

XII.

Ma fhuair ſibh ar toil,
Le h ua'mhar, le h olc, agus breug?
Ma 's ann air ghabh ſibh gaol,
O'n fhuair ſibh an ſaoghal dhuibh fein?
'S ar croidhe, 's ar ſuil,
Sior choſnadh ruim 's gach ceum;
Ach tha bhuidhinn ud beag,
Ma chreiceas ſibh flaitheanas De.

XIII.

Tha Bioball nam buadh,
Ag labhairt aſuas gu grad;
Mar pill ſibh ſan am,
Gu bi ſgiurſeadh nan lann gu 'r teach:
Nach creid ſibh o Chrioſd,
An ſgriobhadh a dh' fhag e pailt;
Gur h eiſean an Ti,
A dheanamh ar dion air fad.

XIV.

Nach creid ſibh o Chrioſd,
'S mar ſgriobh e'n Tiomnadh Nua';
Co cinteach 's tha bas,
Tha'n la ri chumail le buaidh;

Thig mac Athar nan grās,
O neamh as na nealaibh ſhuas;
A dhuſgadh nan corp,
Th' air ſmuradh 's air ſmodadh ſan u aigh.

XV.

S e 'n t ardan, 's an t ol,
Chuir na daoine co-mor as am beachd;
S e 'm farmad, 's a miann,
A thog iad ann diollaidibh each;
Ghabh iad ceiſt air an fhion,
S cho leabh iad am Bioball ach tearc;
S gann a chreidis le'n ſuil,
Ge do leabh iad gu cul a chairt.

XVI.

Cho'n aon neach glic,
Nach meaſadh breitheamhnas De;
S ann aige tha fios,
Gach aon ni thig 's a theid;
Tha maitheas na rūn,
Gu h ur na fhlaitheanas fein;
O Dhia! toir dhuinn,
Gu fuigheamaid rum fui' d' ſgē.

XVII.

Tha miſe 'n ſo, 'n laimh,
S mi feitheadh ri gras do Mhic;
Ann an cunnart an eug,
Gun fhios cia-dhiu theid, no thig;
Cha b' umhail am bas,
No 'm bithidh mo dheanadas glic,
Nan umhlaichinn trath,
S bhi 'm chulaidh mun d' thainig am fios.

XVIII.

Tha 'n iomairt ſo noc,
Air bualadh am chorp gu teann;
Ge b'e dh' fheuchadh an lochd,
Gu'm fuigheadh e'n lot na b' fhearr;
A Riogh nan dul,
Riūt 'm uigh, is 'm aithre gu teann;
'S glac an t anam ſo uam,
Mu'm fuaraich mi 'n peacaidhne marbh.

XIX.

Gabh uainn Ard-riogh,
A ni do'n d' thug u do ſpeis;
A chruthaich u ſlan,
Dea' ghniomh do laimhe fein;
'S gibht a chollunn bha ſaor,
Nan coimh'deamaid caoin o bheud;
A ghabh toil air a chraoibh,
'S dh' fhag mallachadh 's daors' na deidh

XX.

'S e latha na craoibh,
A dh' aom ſinn uile gu grad;
Chum uilc, agus bhreug,
Chum eud, chum eigheach, 's chum ſiad;
Gun tuigſe, gun chiall,
'Sior thriall ann iomachar lag;
Ro chosmhail ri tnu,
'S nach fiu ſinn uidhir an dad.

XXI.

'S ann thuit ſinn fui' phna,
Mar dhaoin ann an āraich chuai' lot;
Fuidh phuthar nan lann,
Gu d' bhruthadh ar ceann, 's ar corp;

) nach duisgte leinn deoir,
; mulad, is bron, gu goirt!
ir son ar droch mhiann,
S na smuaintich sinn riamh do'n olc.

XXII.

An cuala' sibh Job,
Mar dh' fhan e gun phoit, gun mhisg;
Ge d' chaill e stor,
s fhearann, is or, 's a shliochd;
Bha chroidhe gle bheo,
Ann gloir an Athar, 's a Mhic;
S ge d' loth e sa mhui'r,
Bha dhuil gum fuigheadh e iochd.

XXIII.

Do mhurach a chrē,
Bha 'n deirc ga h iomachar dh'a;
Ann an otrach nan each,
'ui' rotas chearc is gheadh;
Gun d' eitich e'n t or,
A dheoin, 's a dh' aingein a mhna;
S chum e aigneadh gun bhreug,
Do'n ti gheall eibhneas dh'a.

XXIV.

Nan teanda'maid cruaidh,
S ar guala chumail sa choir;
An aghaidh gach uilc,
S a chuirp, is ann toil na feol;
Bhiodh ar tuarasdal pailt,
N uair a ghlaoi't air ac a mhoid;
S nuair a thigeadh an uair,
Gu'n cuirte sinn suas le Job.

XXV.

'S e pearſa nan De,
Is briathraibh dhuibh fein na'r meaſg;
'Sior luthadh na mionn,
'S a puradh ann le fios;
Com nach tuigeadh ſibh fein,
Bhi g'ar ruigheadh ann leinidh bhig;
'S nach bu chubhaidh dhuibh ainm,
Bhi ga luthadh an ainmein tric.

XXVI.

Gun do dh'aom mo chorp,
Is chaochail mo choſlas dhiom;
Mar chorachan bochd,
Gun aithreachas goirt ra linn;
Mar dhuine ri port,
'S gun duine gu chroſgadh gu tir,
Gur fann mo thaichd,
Mar fuigh mi neart o Chrioſd.

XXVII.

Nan d' thigeadh oirbh creach,
A thogadh amach ar ni;
Bu bhuailteach ar bas,
Ag guidhe gun fuigheadh ſibh ſith;
Gur deiſneach a bheairt,
Mar dean ſibh ar leas ach cli;
C'om an duineadh ar beul,
Gus am fuigheadh ſibh paidheadh o Chrio

XXVIII.

Do thainig oirn' Crioſd,
Gu iſleachadh ſios do'n bhas;
Le dhea' thoil fein,
Chum ſinn thoirt do dh' aoibhneas gu bra

ch dh' fhan am peacadh nar deidh,
ur mallaicht' a ſheid e ghna';
cho d' iarr do chīs,
ch umhlachd fhior thoirt d'a.

XXIX.

ſibhs' uile Chleir,
leabhas an Soiſgeul ceart;
ı leigibh na buirb ſo,
grund na fairge mach;
ıch truagh leibhh ar call,
ıch dall gun tuigſe, gun neart,
ıa ſinne gun chiall,
th'ar ſuilibh agaibhſe ceart.

XXX.

fad tha ſinn 'n ar ſuain,
ın chuimhneach air duſgadh a bhais;
ıa dighealtas trom,
feitheadh oirn',-thoill ſinn e;
ı dheidhinn na'm bochd,
; glaodhach gu goirt gach la;
ın chorum, gun cheart,
mhuintir nan ſacaibh lan.

XXXI.

mor leibh ar taic,
ı fhuair ſibh a ghlac ſo lan;
ig ſumananadh grad,
:reidimh nach ſad an dail;
n d' theid ſibh 'n ar trot,
n each, no coidſe mar chach;
ıuair a ghlaodhar a mod,
ɔ dean airgead, no ōr dhuibh ſtāth.

XXXII.

On chruthachadh fein,
Do dh' eirich an dubhachas ann;
Ach thainig Mac De,
Gu 'r fuasgladh o eiginn theann;
Gun do reubadh a chorp,
Thoirt leirsinn do rosgaibh dall:
Chuaidh a thasgaidh 's ann uir,
Nuair choi-leon e run 's gach ball.

XXXIII.

Chuaidh a thasgaidh 's an uaigh,
An gaisgeach, 's bu chruai' an cas;
Ag ceannach an t sluaigh,
Gun d' fhuiling e bualladh bais;
An treas latha chuai' suas,
Gu cathair na'm buadh a bha;
Aig an Athair bu mho,
Toirt breith eidear bheo, is mharbh.

XXXIV.

'S e Athair nan gras,
A chruthaich gach seur, is fonn;
Ri uine sia laith,
Gach aon ni tha, sa dh' fholbh;
Chuir iasg ann sa chuan,
Ga altram fui' fhuaim nan tonn;
Chuir duilleach air gheig,
'S chuir toramh 's an deis gu trom.

XXXV.

C' om nach creathnaicheadh ar feoil,
Mu dheidhinn an la tha ri teachd?
Nuair a sheinnir an ceol,
Gun cruinnich a mor, 's am beag;

'hir a theasraig mi 'n tūs,
Cha do sheas mi le durachd dhuit;
A rinn mo cheannach gu daor,
Le taosgadh fola do Mhic.

XXXVI.

O Chriosd no fag mi,
M faslach ceathaich, gun fhois!
Mar ainte 'n sgāil,
Ag caitheamh nan tra', gun chlos;
O'n chuir u do shiol,
Abuich le bri' e bhos;
S gleidh fein a bhar,
Mun caill u toramh do chois.

XXXVII.

Cho labhair mi 'n tras',
Le mhead 's tha togairt gum thoil;
S mo pheacaidh-ne fein,
Gam agairt gu geur, 's gam ghuin;
O Riogh nan dul!
Thoir uine aithreachais dhamh;
S gabh cuntas do 'm chrē,
O'n tha mi Mhic De, fuidh d' thoil.

## L A O I D H XXIX.

I.

MOladh do'n ti 's airde gloir,
An ti 's mo'a no gach neach;
Bruith-fhear an t saoghail gu leir,
Da'n cu'idh dhuinn geill air fad.

II.

'S tu rinn an domhan, 's na th' ann,
Na cuantaidh domhain, 's am fonn;
Chuir thu iasg gu altram ann,
'S thug thu ciall gu ghlacail duinn.

III.

Rinneadh leat gealach is grian,
Thogail fiadhnuis air do ghloir;
Cho'n airis mi a mile trian,
Do chruthachadh an Dia is mo.

IV.

'S tu rinn na reullan air fad,
A riaghlachadh gu ceart nan trath:
Gheall thu maraon fuachd is teas,
Fogh'ara m'an seach is mart.

V.

'S tu rinn na h ainglibh air fad,
Tha 'n t Aibhearsoir fui' d' smachd gu mor;
Air slabhruidh laidir aig do Mhac,
Cumail a neart o theachd oirnn.'

VI.

Rinneadh leat an duine' ris,
A reir t iomhaidh chum do ghloir;
Ach chaill e 'n oidhreachd ud gun luach,
'S cho'n fhuasgalar i le h or.

VII.

'S tu chuir am fradharc na cheann,
Chuir thu folt roi' chlaigeann lom;
Thug thu cluas gu eisteachd dh'a,
'S gluasad a chuirp o na bhonn.

VIII.

Chuir thu Adhamh an codal trom,
Chuaidh leigh nan gras os a cheann;
'S do aifinn thaobh do rinn,
A bhean o'n do ghin gach clann.

IX.

Chuir thu e 'n garradh nan feud,
Far an roibh aoibhneas a ghraidh;
Dh' ith a bhean an fin a meas,
'S dh' fhuiling i, 's a fliochd am bas.

X.

Cha roibh a teafargain aig neach,
O'n chumhnanta rinn i bhris;
N tra' ruifgeadh an fgeudachadh ceart,
Bha chuis no h eagal an fin.

XI.

Ach moladh do dh' Ard-riogh nam feart,
O nach b'aill leis teachd d'ar fgrios;
Nuair chunnaig e Adhamh na airc,
Rinn e cumhnant' nan gras ris.

XII.

Thainig Jofa 'nuas le thoil,
Thug e fuas mar iobairt fhuil;
Mac na firinn Uan gun chron,
M'ar ciontain-ne fhuair e ghuin.

XIII.

Chrochadh e ri crann an aird,
'S an t fleagh faite roi' a chorp;
Crun geur na pein chuir mu cheann,
Fhuair Mac De le naimhde lot.

XIV.

Crann ſgithich an aite crūn Riogh,
Mar thailceas, 's mar dhi-meas mor;
'S fion geur agus dom las-ſath,
'N deoch a thug iad d'a ri ol.

XV.

Na tairngean g'an cur an ſas,
Am boſaibh a lamh le h ord;
'S fuil a chroidhe roi' a thaobh,
Ceannachd bu daoire no 'n t ōr.

XVI.

Nuair chuaidh Crioſd gu pein a bhais,
'S a dh' fhuiling air ſon an t ſluaigh;
Sgoilt brat an teampuill ſios gu lar,
'S dhuiſg na mairbh an aird o'n uaigh.

XVII.

Chreathnaich an talamh trom le crith,
Air a ghrein do thainig ſmal;
Le feirg Dhe, do chrath e 'n ſin,
Dh' fhuiling Crioſd am bas re ſeal.

XVIII.

Dh' adhlaic iad an t Uan fui' lic,
Thug e buaidh ſan uaigh cho d' fhan;
As a bhas thug e gheur-ghuin,
'S dh' eirich an treas la gun ſmal.

XIX.

Na ſhuigh aig deas-laimh Athar a'ta,
Crioſd le graſan os ar ceann;
Ag cur Oifig Sagairt ann gniomh,
A' deaſachadh a rioghachd dhuinn.

XX.

Thig an t am an d' thig Mac De,
Creidibh ſud gur ſgeula fior;
Le miltidh mil' do dh' ainglibh treun,
Thoirt oirnna breith a reir ar gniomh.

XXI.

N ſin ſeinnear an trombaid gu h ard,
Leis na h ainglibh 's aille ſnuagh;
Eiridh na mairbh an aird o'n uir,
S bheir e cuntas uaith' an cuan.

XXII.

Liubhraidh gach uaigh na fhuair i fein,
'S cha bhi neach do'n treud air chall;
Nochdar iad uil' am fiadhnuis De,
'S e Mhac fein is Breitheamh ann.

XXIII.

Bithidh iadſan ſoilleir an ſin,
Mar ſholus dealrach an dreach;
Thig Criosd nan coinneadh le gean,
'S bidh ſith ann comann nam flath.

XXIV.

Ni thu 'n ſin tearbadh air gach neach,
'S dionaidh tu o'n fheirg na's leat,
Mhead 's tha air an dearbhadh dhuit,
Cuirear iad fui' dhion do bhrat.

XXV.

Cuirear na gabhair air do laimh chli,
Chum triall gu prioſan a bhroin;
Druidear ſuas, 's gur cruaidh an ſgeul,
Flaitheanas De air an ſroin.

XXVI.

Mallaichidh 'n inghean, a Mathair,
Mallaichidh Mhathair, a clann;
'S mallaichidh 'n t Athair, a mac,
Nach do ghabh mu ſmachd ſan am.

XXVII.

'S iomad ſgairteach, is gul geur,
Ri h am cluintinn ſgeul an craidh;
Mallachadh a cheil gu leir,
'S garachdain ri Uan a ghraidh.

XXVIII.

Sin la an dealachaidh bhochd,
G'an ſgarachdain a dh'aingeinn riut;
G'an ſgiurſadh gu h aineal an loiſg,
'S gun duil aig anam tigh'n as.

XXIX.

An teach d'a milleadh cuirear iad,
Fui' dhioghaltas an ard-riogh;
Gun duil ri furtachd no ri bas,
Gu brath cho d' thig iad anois.

XXX.

Faſaidh 'n cuirp co chruaidh ri praiſ,
Mar iarrann an cas ſan lamh;
G'an cumail beo ann an ſior phian,
Teine dhian gun fhurtachd la.

XXXI.

Gach aon la mar bhli'ana bhuan,
Ann lagan loiſgeach, cruaidh an ſas;
G'an liodairt le teas agus fuachd,
Sud i 'n duais cia fad an dail.

XXXII.

Latha cho bhi ann na dheidh,
Folaichear na reullan ſa ghrian;
Sgrioſar an ſaoghal gu leir,
'S neach cho d' theid ann toll o Dhia.

XXXIII.

M' athchuing' riuts', air ſgath do Mhic,
Meadaich mo ghliocas le gras;
'S thoir diſearſa dhamh 's gach cuis,
Seal m'an druid mo ſhuil le bas.

# LAOIDH XXX.

I.

CHruthaich Dia an duin air thūs,
Ann ſtaid bheannaichte gu fas;
Nuair a chuir Adhamh ſin air cul,
Thoill e dhuinne pheacaidh, bas.

II.

S i nathair a rinn a lot,
Ghlac i 'n ſpiorad nach raibh ceart;
Gun d' fhag i eiſean lom-noichd,
s thug peacadh air a ſhliochd.

III.

Nuair a bhuair a bhean, a meas,
Thug i e do dh' Adhamh, is blais;
muaintich e mar rinn, is chliſg!
Thuit e'm peacadh eitidh, cas.

IV.

An t Ard Riogh chruthaich an ſaoghal,
Nuair ghlaodh e air ann ſa ghārra';
Do theich an duine roi' aodann,
Dhiobhail aodaich, ghabh e nāire.

V.

Lomracach ri doll e d' fhianuis,
Och, a Dhia! 's ann leam gur dana;
Labhair Dia, o na 's e b' fhioſraich,
Dhuine com na bhris thu m' aithne?

VI.

Adhamh ciod a bu lei-ſgeul duit,
Nuair a dhiult thu Dia nam feart;
'S a thaobh thu Spiorad gun tlus,
Prionnſa' ifrionn nach raibh ceart?

VII.

Soillſich m' anam as a Bhiobull,
Aris le ſoiſgeul na ſlainte:
'S aghor an taiſbeanadh firinn,
Mar thainig Crioſd o na h arda?

VIII.

Fhir a dh orduich grian is ſolus,
'S mor an gaol a thug u n' anam;
Thug u do Mhac an riochd duine,
Le fhuil fein do rinn ar ceannach.

IX.

Thainig u oirnn ann ſtaid ioſail,
Dheanamh ar ſithſhaimh ri d' Athair;
'S cha do chaomhain u t fhuil phriſeil,
Dhortadh a ſios chum ar gleidhidh.

X.

hainig u oirnne le h iochd,
hoirt ar n ainamnaibh gu fois;
huir iad deilgnidh ann a d' chneas,
chrun do chinn gu d' dha chois.

XI.

huir ort crun treonai' gu d' nimh,
d' lei-taobh chuir iad an t ſleagh;
eig iad fuil is uiſge mach,
taobh Chrioſd bu chruai' an lagh.

XII.

hug thu 'm fradharc do na daill
hug thu'n luth do chriplich chruaidh;
Thug thu'n claiſteachd do na bothair,
S thog thu na mairbh as an uaigh.

XIII.

hionn gun d' innis thu an fhirinn,
Och a Chrioſd chuir thu gu bas;
oillſich mi a Riogh nan Rioghraidh,
A dh' eirich anios an treas la.

XIV.

Ann ſan t ſhaoghal bhreugach, pheacach,
Judhanaich gur truagh ar cuidſe;
C'om nach d' thug ſibh bri' da fheartan,
Nuair a rinn e fion do'n uiſge.

XV.

Chuaidh tu chur 't ainglibh amach,
Air ceithir randainibh an domhain;
Chruinneachadh an t ſluaigh ri cheile,
Los an reitich chur mun cothair.

XVI.

Luchd mio-ruin, is mionnan breige,
Meairl, is murt is briosaidh posaidh;
Bidh an latha sin gu deurach,
Nuair thig Criosd thoirt breith na corach.

XVII.

Latha gun ath-deanadh tuillidh,
Latha duilich theachd g'ar reiteach;
'Latha sonais, agus do'ruinn,
Latha tursach, bronach, deurach.

XVIII.

Air sliabh Sioin theid ar tearbadh,
Mar sgarar caoirich o ghabhra';
Luchd nam beannachd leis an Ard Riogh,
'S luchd an uilc an tus na doruinn.

XIX.

'S truagh a bhi 'g eisteachd an garraich,
'S ann la sin a teachd o'n t sliabh;
Mallachadh an Athar 's na Mathar,
Gun d' thainig do'n t saoghal riamh.

XX.

Deir Criosda ri luchd an uilc ud,
Tar do dh' ifrionn, 's a giall fosgailt;
Far am bheil gul is giosgan truagh,
Ann teas, 's am fuachd choi'ch g ar losga'

XXI.

Mile bliadhna dhoibh gach uair,
Mar fhichead bliadhn' gach aon lo;
G an leidirt ann ifrionn fhuair,
Bhi ga luadh, 's an leam is leon.

XXII.

ſglaidh an talamh a bheul,
ıigidh e gach treud mar thig:
ir tha 'n diu' ann tir nam beo,
uch nach ſeol thu chum an rib.

XXIII.

ı da ſhuil ſin ann a d' cheann,
iad ag amharc air aon fhonn;
ın d' thig ort ach uine ghearr,
o bhi nan ait ach da tholl.

XXIV.

ſibhſa chlanna daoine,
imhnichibh Oſtail na gloire;
iribh cul ri gean an t ſaoghail,
thugaibh gaol do bhreith na corach.

XXV.

o'n fhaod mo theangaſa labhairt,
o mho ſmuaintich croidhe duine;
ı t eibhneas tha ann am flaitheas,
chum ar maitheas a chumail.

XXVI.

a'n ſaoghal ſo ſantach, ſlighich,
:ha'n t eug na lorga dubha;
ugamaid gaol le'r n' 'uile chroidhe,
'n ard Riogh a rinn ar cruthach.

XXVII.

b'e bheir ai're do 'm eachdraidh,
a bheir aiſte feart is fuaim;
eibh ſibh na briathra' ſo ſgriobht'
n focall Chrioſd is Tiomna' Nuadh.

## LAOIDH XXXI.

*Air son Maidin la Seachdain.*

I.

MO Dhia! do'n ghrein thug eolas mo
Gu eiridh oirnn' gach la,
Chum soillseachadh do'n chruinne-chē,
Mun cuairt nan speur gun tamh.

II.

O fheomraiche na h airde near,
Air mhadain duisgidh suas;
Gun tamh, gun fhois, ag ruigh na rēis,
Gu h eibhneach deas is tuath.

III.

Coi'-lionams' gun chlos gun sgith's,
Mo ghniomha' mar a ghrian:
Air tus an la, triallam gun sgāth,
Air slighe slainte 'n Triath.

IV.

Toir dhamh, O Dhia! do ghras gun airc,
'S na caidreadh m' anam bron,
Gun chaith gun fheum mo laith gu leir,
Ann an-ghnās beus na h oig.

## LAOIDH XXXII.

*Air son feascar la Seachdain.*

I.

THA la eil' air dol seachad oirnn',
Gur coir dhuinn cliu do Dhia,
A sheinn, air son a fhreasdail chaomh,
'S a ghrasa caoin gach iall.

II.

Mo leanb'achd chlaon chum ſgrios is broin,
Mo pheacaidh 's mor gu beachd:
Dhia toir dhamh maitheanas air ſgāth,
Do mhic, ſan la ri teachd.

III.

An ceidſe bāſors' coidleadh ſios,
Is dionſa miſe Dhe!
Biodh t aingle trid an dorchadais,
Re faire orm gu rē.

IV.

Le aiteas druideam ſuas mo ſhūil,
Is duiſgeam ann dea' chiall;
S a mhadain mhoich re gairdeachas,
Air ſon do ghraidh, a Dhia.

## LAOIDH XXXIII.

*Air ſon Madain la an Tighearna.*

I.

SE ſo an la ann d' eirich Crioſd,
Gu moch anios o mhairbh;
Cia uime 'm bheil mo roſgaibh dūint,
Ag caitheamh 'm ūin' gun tairbh?

II.

S e ſo an la air na bhris Jos',
Neart ifrionn is a bhais;
S an gradhaich miſe peacadh mor,
Is cuing mo leoin, am thraill?

III.

An dui' gu ſubhach cruinicheamaid,
'Ta ainmicht' air an Triath;
Chum leubhadh fhocaill, mar a dh'aithn',
D'a phobull, graidh, o chian.

IV.

Chum flaitheas greaſam, 's leigim dhiom,
Mo chluiche faoin gun fheum:
Do'n la s' ta beannaicht', thugam gradh,
Is fearr do'n t ſeachd gu leir.

## LAOIDH XXXIV.

*Air ſon feaſcar la an Tighearna.*

I.

'TA 'n coi-thional toirt adhraidh dhuit,
Cia maiſeil ſud a Dhe!
Maraon ag ſeinn nan Salmaibh binn,
Air ſonnaibh tiom le cheil.

II.

Na buaireadh mianna' faoin gun ſtath,
An la ſo as mo chuimhn';
'S coſmhuil ri neamh an talamh, tha
Do chliu air aird gach tuim.

III.

Triallam air an t ſlighe ghnāth,
Chum ſlaint', ann an dea' ghne;
Dion mī o mheanna' olc na h oig,
Is treoraich mi chum neamh.

IV.

ſgriobh do naomh-reachd air mo chroidh,
teagaiſg mi a Dhe:
ɔ briſeam t aitheanta ni 's mo,
n deonaich dhamh gu rē.

V.

uiſgeam, agus luigheam ſios,
d' ghradſa, Riogh nam feart;
ir ſgāth nam feartaibh tha'm fuil Jos',
ean miſe dhion fuidh d' bhrat.

## L A O I D H XXXV.

*Do leubhadh an Scuobtuir.*

I.

DO ſcriobtur naomha dh' fholum mi,
A leubhadh ſios gu mall;
ɔol mi chum urnuigh o do reachd,
na leig air ſeachran cailt.

II.

ean coſmhuil mi ri luchd dea' ghniomh,
rodhnaich t fhirinn ghlan;
le graſa' t fhocaill ann 's gach am,
ghabh os laimh bhi math.

III.

leoſan ſeinnim moladh binn,
'o t ainmſe thriath nam feart;
leoſan caitheam m' uin gu leir,
n ceimibh na naomh fhlath.

IV.

Is leoſan bitheam ait gach la,
Ann gairdeachas gach uair;
Is leoſan bitheam beo am feaſt,
Ann teas-ghradh do naomh-ſhluaigh.

V.

O d' ghraſaibh chi mi fada uam,
Gur truaghan mi gun treoir;
'S nach aithnich mi a dhiobhail beachd,
Ann fhirinn ſeach an go.

VI.

O tabhair dhamh do ghraſaibh ſaor,
'S nach claonainn o do reachd;
Chum is gu deanainn mar is leir,
Do thoilſe Dhe gu beachd.

VII.

Is trid do neartſa triallaidh mi,
A d' ghniomhara le ſpeis;
Aithn' gach ni 's aill, ach toir dhamh grās
Is molam t ainmſe, Dhe.

## LAOIDH XXXVI.

*An adhaidb Diomhanais.*

I.

CIA glic ata am beachann meanbh?
Le geimneachd is le ſtuaim,
Ag truſadh meala fea' an la,
As gach blāth 's āille ſnuagh.

II.

ia h eolach a thogas i ſtē,
ru ſeolt le cēir a ſuas?
g tional ionmhuis meaſg an fheoir,
loin air ſon an fhuachd.

III.

tu ſurdoil, grundoil, ſaothraicheams',
)aonann mar i fein;
)ir dhealbh an Diobhal olc o chian,
)o'n diomhanach gun fheum.

IV.

ınn leubhadh ſlainteil 's an dea', ghnās,
)o ghnāth biom ſeaſmhach, buan;
hum is gu d' thugainn ſuas faidheoidh,
S gach lo, dea' chuntas uam.

## LAOIDH XXXVII.

I.

IS leanabh mi, O Thighearna, Riogh!
Gun ghliocas no gun treoir;
Ach 's urrainn thuſa 'n toirt faraon,
Do leanbaibh maoth is og.

II.

Chuigeaſan, ma thig le d' dheoin,
Is doigh nach diult u 'n lag;
Ata na dhuine is na Dhia;
Ciod uime 'n cuiream ag?

III.

Do ſhoiſgeul ſaor, tha aig gach dream,
'S gu h ainmichte do'n ōg;
Do bhriathraibh dh' fhag an ordamh blaſt,
Cia taitneach caint do bheoil?

IV.

" O thigibh chugams' anmaibh buairt,
" Le ciont is eagal ſgith!
" Ar 'n uallach tilgibh orms', is gheibh
" Le creidimh, fois is ſith.

V.

" Gu toileach lubaibh fui' mo chuings',
" Gach aon neach thugaibh geill;
" Is aithriſibh air 'm eiſeimpleir,
" 'S mo theagaſg chur an ceill.

VI.

" Mo ghne' ta iriofal is ciūin,
" 'S mo rūn 'ta ſeaſmhach buan;
" Ar 'n anamaibh ſgith, gheibh fois an gloir,
" Ma dh' fholumas ſibh uam.

VII.

" Mo chuingſa geillidh dhuibh 's gach ait
" Is teārnaidh ſibh o thruaigh;
" 'S ea-trom do'n lag, ta glic na bhēus,
" Th' air cēumnaibh a naomh-ſhluaigh."

VIII.

Creidim t fhocal fior a Dhe,
T' oiffigin 's eibhinn leam;
Is bheiream cliu air ſon do ghrāis,
A d' ghradh toirt tairgſe dhuinn.

## LAOIDH XXXVIII.

I.

THainig ar Slanai fhear ſan fheōil,
Na naoighein ōg gun phris;
dhoirt e fhuil, an t ſaoi gun ghō;
beag brōin a bha mun ghniomh.

II.

ir ſon leanban fann gun trōir,
huaidh 'n t Uan a leōn gu goirt;
a thairneachadh ri crois an aird,
ar mhearlach truagh gun toirt.

III.

fuaran ioc-ſlaint fuil Mhic De,
ea-cail ni ſinn glan;
o 'n pheacadh leanailteach ata,
ar 'n anama 'g ārach ſal.

IV.

beag tha do dh' eolas agam ort,
Thighearna ſa Riogh!
o'm theagaſg cuir do Spiorad trāth,
u'n ālaich mi 'n droch gniomh.

V.

fhocal tha d'ar gairm gu leir
u teachd fuidh d' ſgē, 's bhi beo,
m'anam thainig miſe Riogh,
o chionta dion gach lo.

VI.

o nadur mūth, 's mo chroidh as ūr,
i math cho'n urrainn ann;

Tha'm lag, gidheadh tha 'm urras treun,
O cuidich tuiſleach ſann.

VII.

A d' neartſa mūth mo churſa Dhia,
Is ſuithich annam grās;
O gach droch gniomh dean glan mo chroidh
'S o mhiannaibh miltich bais.

VIII.

Os tu 'm fhear coimhid, treoraich mi,
Air ſeachran no leig beud;
An t ſlighe ſhlanteil nochd dhamh trāth,
Toirt graidh dhuit ſea' gach rē.

IX.

Fonn ſeirceil, irioſal is ciūin,
Am chroidhe duiſg aſuas;
Trid creididh ſuitheichim mo ſpeis,
A d' Mhacſa Dhe nam buadh.

## LAOIDH XXXIX.

I.

CIOD uime thug mi ſpeis gu baoth,
Do ſhugradh faoin gun ſeigh?
Gun chuimhn' air ifrionn no air bās,
No neamh an āghor blagh.

II.

'Ta m' eolas dòl a mead gach la,
'S gun ghradh do d' reachd a Riogh:
Ciod uime fhuair mi tuigſe riamh?
'S nach d' iarr mi cur an gniomh.

III.

a diomhain m' uile ſmuain gach lo?
a fiathaich, gorrach beachd?
a fann mo chroidhe, 's lag mo chāil?
' d' ghradhſa 's beag mo neart.

IV.

ɔir orm gu cluinn mi guth na ſlāint,
' d' theampull ārd a Dhe;
un aom mo chroidh, 's gu claon mo chluas,
e d' luath-ghair fea' gach rē.

## L A O I D H XL.

*Cia gearr laithe Mhic an Duine?*

I.

MAR lead na boiſe, no fad rēis,
No ſgeula gairid gearr;
ɔ laith marſin ag im'eachd uait,
un ſtad gu h uair a bhais.

II.

n taiſid mar an t ſaighead luath,
n bhotha 's luaineich gleus;
ɔ mar bhlāthan machrach ūr,
un ſūgh air ſearg ri grein.

III.

ɔ mar bhotha-frois an la,
ır ſgaile, no mar cheō;
ɔ mar bhoiſgeadh grein air fāir,
dealradh roi' dhu' neoil.

IV.

r aonach mar na tuiltidh uiſg,
ın tuiſleadh dol na leum;

No mar cheathach air barr bheann,
No cloch le gleann na reis.

V.

Mar bhruadar, no mar fhaileas gearr,
No ſgail', no dubhar fann;
No peileir tein' air cuan no ſgrib,
Aris nach faicir ann.

VI.

Mar neoil na h oi'che dol nan gluais,
Gu luath 'n uair thig an la,
Dol ſeach, ach cait? cho'n aithnich mi,
An raibh no'm bi ar tamh.

VII.

Mar oſag, ach cia as? cho leir,
Tha' 'n t eug a' teachd gu luath:
Ullmhaich, is bi deas gach la
Mun glac u bas is uaigh.

## LAOIDH XLI.

I.

'N Tra' chi mi uile mhaitheas De,
Gach re g'am chumail ſuas;
Ann io'nadh, gradh, is cliu ata m',
Ann gairdeachas do' luadh.

II.

Ann teas-ghradh comhraidh, cia mar the
A chur an ceill, mo thaing?
'Ta laſadh ann mo chroidhe Dhe,
Ach 's urr' u leubhadh ann.

III.

)o fhreaſdal caomhſa chum mi ſuas,
;un eaſbhuidh uair, no di;
N tra' luigh mi toſtach ann ſa bhroinn,
;un ſoillſa no mio-ghniomh.

IV.

.e 'm uile ghearan fann, 's mo ghlaodh,
.e trocair chlaon do chluas;
eadh, mun do thūr mo ſmuaintidh faoin,
)huit adhradh a thoirt ſuas.

V.

.e 'm anam bhuilich u gach la,
;un aireamh, ſolas mor;
Iun d' fhioſraich mi, cia, no co uaith
)'n d' fhuair mi mhaitheas, og.

VI.

.nn ſlighe thuiſleach bhaoth no h oig,
)o threoraich u mo cheum;
; chum do lamh nach meat mi ſlan,
uas gus an d' fhas mi treun:

VII.

'rid cunnthart folaicht', 's obair bais,
; gach gābhadh air bheag cēill;
; trid liontaibh ionmhuinneach an uile,
.inn ſluīc nan rathad rē.

VIII.

.n tra' chlaoidh tinnis mi gun lūth,
geudaich mo ghnūis le ſlaint;
hluig bron is peacadh m' anam ſuas,
.ch nuadhaich u dhamh grās.

IX.

Le maitheas ſaoghalt' lion u Dhia,
Gu fial mo chupan lan:
'S mar charaid treimh-dhireach, ro-chaomh,
Dhublaich mo mhaoin, gach lā.

X.

Deich mile mhiltibh tiodhlac maith,
Fhuair miſe 'mach a d' ſtor;
Mor bhuidheachas do Riogh nan ſluagh,
'Ta fuaſgladh orm gach lo.

XI.

Trid gach ceann aimſir fea' mo la,
Cuiream do ghras an ceill;
'S an t ſaoghal thall, an deidh mo bhais,
Seinneam gu h ard an ſgeul.

XII.

'N tra' theirgeas nadur, oi'ch is la,
'S do ghniomh nach gearr, ni 's mo,
Mo chroidhe taingeil, bheir O Dhe!
Dhuit adhradh mar is coir.

XIII.

Gu ſiorruidh ſuthainn, dhuitſe Dhe,
Gu h aoibhneach ſeinneam duan;
Oir O! 'ta ſiorruidheachd ro ghearr,
Chum t uile chluidhſe luadh.

C R I O C H.